



**Brosnachadh Dhaoine:
A' cur aghaidh ri dùbhlain ar linne**

**Plana Ro-innleachdail
2022-27**

FÀILTE GU AR PLANA RO-INNLEACHDAIL

Tha e na thoileachas dhomh Plana Ro-innleachdail ùr Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a sgaoileadh thugaibh. Bidh e a' stiùireadh ar n-obrach airson nan còig bliadhna ri thighinn agus tha e stèidhichte air mòran chòmhraidhean brosnachail thar nam mìosan a dh'fhalbh le co-obraichean, com-pàirtichean agus urrasairean. Uaireannan, bithear a' smaoinichadh gu bheil planaichean ro-innleachdail caran tioram, ach tha sinn an dòchas gum bi am fear seo cho innleachdach, taiceil, eadar-cheangailte agus àrd-mhiannach 's a ghabhas, a' togail air na prìomh luachan againn. Chan e dìreach an ro-innleachd againne a th' ann, ach an tè agaibhse cuideachd. Mar bhuidheann thaighean-tasgaidh nàiseanta na h-Alba, is e ar dleastanas dhuibhse sìneadh a-mach, a bhith buntainneach agus togail air a' chliù stèidhichte againn. Tha an saoghal mar a tha e ann an 2022 ag iarraidh sin oirnn.



Gu cinnteach, tha an dà bhliadhna a dh'fhalbh air dùbhlain mhòra, an dà chuid fiosaigeach agus ionmhasail, a nochdadh dhuinne, do roinn nan taighean-tasgaidh is ghailearaidhean agus don chomann-shòisealta agus nàdar san fharsaingeachd. Ach, nuair a chunnaic sinn cho toilichte 's a bha ar luchd-tadhail a thighinn air ais do ar taighean-tasgaidh, agus cho bàigheil 's a bha iad a' dol an sàs leinn air-loidhne nuair a b' e sin an aon dòigh conaltraidh a bh' againn, chaidh ar dealas airson adhbhar ar n-obrach a neartachadh. A bharrachd air a bhith gar beathachadh agus gar brosnachadh, tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, na cruinneachaidhean, na prògraman, na h-ionadan agus na daoine aca, a' nochdadh rudan ùra mu ar deidhinn fhèin tro ar dualchas cho-roinnte, a' toirt seachad àite cudromach far am faod a h-uile duine beachdachadh air an t-saoghal mar a bha e, mar a tha e, agus an rud as cudromaich, mar a bu mhiann leinn a bhitheadh e. Tha na h-amasan ro-innleachdail ùra againn gar brosnachadh gus an dealas againn airson na tha sinn a' dèanamh a chur gu deagh fheum.

Aig cridhe na tha seo tha an Cruinneachadh Nàiseanta. Air adhbharan na h-eachdraidh aige agus cho farsaing agus cudromach 's a tha e, tha an Cruinneachadh a' tabhann rudeigin gun samhail, far an urrainn dhuinn uile ceistean mu àite, mu dhearbh-aithne agus mun àrainneachd a sgrùdadh. Seo prìomh chùisean na linne sa bheil sinn beò. 'S iad na nithean sa Chruinneachadh a chleachdas sinn airson seo a dhèanamh. Bidh iad ag innse sgeulachdan daonna inntinneach a bheir dhuinn mothachadh air a bhith mar phàirt de rudeigin tòrr nas motha, gar ceangal ri chèile agus ri daoine a tha

fada air falbh ann an ùine agus astar. Tha an cothrom a bhith a' dèanamh nan ceanglaichean sin na thiodhlac prìseil, agus is e an dùbhlain a th' againn a bhith ga cho-roinn leis an luchd-amais againn cho farsaing 's as urrainn dhuinn, a' tabhann sheallaidhean a dh'fhaodas ar tuigse mu chèile a dhoimhneachadh agus a' cur fàilte air còmhraidhean a dh'atharraicheas inntinnean.

Tro ar prògraman, leanaidh sinn oirnn a' toirt cothrom do dhaoine gus eòlas fhaighinn air nithean iongantach agus rannsachadh ùr-ghnàthach, a bheir piseach air sunnd na h-Alba agus sunnd an t-saoghail. Aig cridhe na tha seo, tha ceistean mu atharrachadh gnàth-thìde, call bith-iomadachd agus dìleab colonachd. Dùbhlain a tha a' dian cheasnachadh cò sinn agus dè tha sinn airson fhàgail airson nan ginealaichean ri teachd. Tha farsaingeachd ar cruinneachaidhean, ar suidheachadh ann an cruth-tìre cultarach na h-Alba agus ar n-eòlas air conaltradh poblach a' ciallachadh, chan e a-mhàin gu bheil sinn ann an deagh shuidheachadh gus na deasbadan seo a chumail, ach gu bheil dleastanas oirnn an cumail.

A bharrachd air na dùbhlain chruinneil san fharsaingeachd, cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do roinn thaighean-tasgaidh is ghailearaidhean na h-Alba, gu h-àraidh a thaobh dualchas nàdair is dualchas nitheil na h-Alba. Tha mòran as urrainn dhuinn ionnsachadh bhon dà bhliadhna mu dheireadh agus faodaidh sinn togail air an eòlas sin agus sinn a' fàs nas in-ghabhalaich agus a' cruthachadh bheachdan ùra a bhrosnaicheas agus a nì atharrachadh. Tha mi an dòchas gum faigh sibh eòlas air seo dhuibh fhèin agus sinn a' cur phlanaichean an gnìomh airson ùrachadh is ath-bheothachadh a thoirt air an tairgse againn aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail, Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta, An Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta agus tro ruigsinneachd ar prògraman didseatach agus ionnsachaidh.

Gun teagamh, is iomadh dùbhlain a tha romhainn nar n-obair – trioblaid leantainneach na h-atmhorachd agus lùghdachadh ann an tobraichean maoinachaidh san roinn phoblaich is phrìobhaidich, agus neo-sheasmhachd air feadh an t-saoghail air sgàth buaireadh poilitigeach is atharrachadh gnàth-thìde. Feumaidh na còig bliadhna a tha romhainn a bhith na àm ath-bheothachaidh cuideachd, bhon chall ionmhasail mòr a thachair leis a' ghlasadh sluaigh. Aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba tha earbsa againn, tro cheangal agus brosnachadh na h-obrach againn, gum bi an Ro-innleachd ùr againn a' ciallachadh gu bheil barrachd luach san obair againn dhuibhse, agus do shaoghal a tha ag ath-bheothachadh agus a dh'fheumas e a-nis barrachd na bha feum aige air a-riamh.

Dr Chris BREWARD

Stiùiriche, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

CÒ SINNE?



Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba na mheasgachadh gun samhail de shàr chruinneachaidhean, prògraman, àiteachan agus daoine.

Tha ar cruinneachadh ioma-chuspaireil na ghoireas cudromach, ann an seagh eachdraidheil, cultarail agus saidheansail, a tha sinn a' feuchainn ri cho-roinn cho farsaing 's a ghabhas tro ar rùn a bhith a' glèidheadh, a' mìneachadh agus a' dèanamh ruigsinneach dha na h-uile, an t-àm a dh'fhalbh agus an latha an-diugh ann an Alba, ann an nàiseanan is cultaran eile, agus ann an saoghal nàdair.

Tha sinn a' gabhail cùram de chruinneachaidhean aig a bheil cliù eadar-nàiseanta de shaidheansan nàdarra, ealain sgeadachaidh, obair ciùird, dealbhadh agus fasan bho air feadh an t-saoghail, saidheans agus teicneòlas, agus eachdraidh is arc-eòlas na h-Alba. Tha na chruinneachaidhean seo a' còmhach mìltean de bhliadhnaichean agus bidh sinn gan cleachdadh agus na sgeulachdan co-cheangailte riutha gus am poball a thoirt an lùib rannsachadh an t-saoghail tro ar taisbeanaidhean, ar làthaireachd air an eadar-lìon, ar prògraman conaltraidh nàiseanta is eadar-nàiseanta, agus ar prògraman sgoiltean agus goireasan.

Bidh na milleanan de luchd-tadhail ionadail is eadar-nàiseanta a' faighinn tlachd às na ceithir taighean-tasgaidh againn gach bliadhna:

- **Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann**
- **An Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta ann an Caisteal Dhùn Èideann**
- **Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich ann an Lodainn an Ear**
- **Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail faisg air Cille Bhrìghde an Ear.**

Tha **Ionad-cruinneachadh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta** ann an Granton, ann an ceann a-tuath Dhùn Èideann, na ionad eadar-nàiseanta airson rannsachadh, ruigsinneachd agus stòradh chruinneachaidhean. Tha e na dhachaigh do ar stiùidiothan glèidhteachais agus na ionad eòlais, a' toirt seachad àrd-ùrlar airson rannsachadh agus ùr-ghnàthachadh adhartach, sgrùdadh eadar-chuspaireil, trèanadh sònraichte agus teagasg adhartach. Tha e a' toirt seachad taic air leth cudromach do ar n-obair nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Cha bhiodh sinn gu feum sam bith às aonais ar daoine: an luchd-amais, luchd-taic, com-pàirtichean, saor-thoilich agus co-obraichean a bheir beatha do ar n-obair. Tha raon farsaing de dh'eòlas, sgil agus cleachdadh aig an sgioba againn, le fòcas air tuigse, cùram agus co-roinn ar cruinneachaidhean agus ionadan.

Mar aon de na prìomh bhuidhnean taigh-tasgaidh san Roinn Eòrpa, tha buaidh chultarail, sòisealta, foghlaim agus eaconamach ar n-obrach a' sgaoileadh fad is farsaing. Tha sinn moiteil às na chuir sinn ri cruthachadh agus adhartachadh cultar aig ìre na cruinne ann an Alba a tha ga fàgail na àite nas tarraingiche airson a bhith a' fuireach agus ag obair ann agus a bheir toileachas do luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail.

Is e Carthannas Albannach agus Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) a th' annainn le taic tro Thabhartas-gus-Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus tha sinn air ar riaghladh le Bòrd Urrasairean neo-eisimeileach.

AR LUACHAN

Tha na luachan againn a' mìneachadh mar a tha sinn airson ar miannan a choileanadh agus a' stiùireadh mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus air an taobh a-muigh.

THA SINN

CRUTHACHAIL

Tha innleachdas agus deagh bheachdan luachmhor dhuinn

IN-GHABHALACH

Tha sinn fosgailte, càirdeil agus taiceil

CO-OBACHAIL

Tha sinn ceasnachail, deònach gabhail ri beachdan ùra agus tha deagh eadar-cheangalan againn

ADHARTACH NAR SMAOINEACHADH

Bidh sinn a' coimhead air an dealbh mhòr a bharrachd air a' mhion-fhiosrachadh

AR BRANND



Tha a sgeulachd fhèin aig gach nì iongantach a tha againn nar cùram: sgeulachd a bhrosnaicheas daoine gus ceanglaichean a dhèanamh eadar iad fhèin agus an saoghal. Tha seo ri fhaicinn anns a’ bhrannnd againn Real Things, a tha a’ nochdadh sgeulachdan a bhios a’ stiùireadh mar a chleachdas sinn ar cruinneachaidhean gus buaidh, brìgh agus tlachd a chruthachadh agus a tha aig cridhe mar a bhios sinn a’ conaltradh agus a’ dol an sàs leis an t-saoghal.

AR N-AMASAN RO-INNLEACHDAIL 2022-27

Is e prìomh amas a' Phlana Ro-innleachdail seo gum faigh gach ball den luchd-amais, agus gach neach-obrach, neach-taic agus com-pàirtiche aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba buannachd bho ar gnìomhachd: a' cleachdadh ar cruinneachaidhean, prògraman, àiteachan agus daoine, gus rudan ùra a shealltainn mu ar deidhinn fhèin tro ar dualchas cho-roinnte, a' solarachadh àite cudromach far am faod a h-uile duine beachdachadh air an t-saoghal mar a bha e, mar a tha e, agus mar a bu toil leinn a bhitheadh e.

Bidh ar n-obair air a stiùireadh le còig Amasan Ro-innleachdail eadar-cheangailte:

- 1** Bidh an luchd-amais againn nas eadar-mheasgte, agus bidh barrachd dhaoine a' ceangal ris na cruinneachaidhean againn agus na sgeulachdan a tha annta.
- 2** Bidh sinn aithnichte air thùs san t-saoghal agus mar an com-pàirtiche nàiseanta as fheàrr airson mìneachadh agus ceangal ri dualchas nitheil na h-Alba.
- 3** Bidh sinn fada air an t-slighe gu neoini lom agus bidh sinn nar goireas cliùiteach airson dùbhlain gnàth-thìde agus bith-iomadachd a thuigsinn.
- 4** Bithear a' roinn agus a' cur luach air comas sònraichte ar cruinneachaidhean, ar n-eòlais agus ar prògraman gu h-eadar-nàiseanta.
- 5** Bidh sinn tèarainte a thaobh ionmhas, le taic bho shruthan teachd a-steach eadar-dhealaichte agus misneachail ann a bhith a' cumail oirnn a' tasgadh nar daoine, nar n-àiteachan agus nar cruinneachadh.

AMAS 1



Bidh an luchd-amais againn nas eadar-mheasgte, agus bidh barrachd dhaoine a' ceangal ris na cruinneachaidhean againn agus na sgeulachdan a tha annta.

Tha cruthachadh cheanglaichean eadar daoine, na cruinneachaidhean againn agus na sgeulachdan a th' annta aig cridhe ar n-obrach. Tha sinn air a bhith soirbheachail a' toirt fàs seasmhach air àireamhan luchd-tadhail thar ar ceithir taighean-tasgaidh agus tha fàs na aon chomharra gu bheil sinn a' leudachadh ruigsinneachd.

Bidh sinn cuideachd a' tòiseachadh agus a' toirt taic do cho-obrachadh le buidhnean nach eil air an riochdachadh gu leòr, a' toirt dùbhlann do neo-ionannachd agus a' toirt diofar sheallaidhean luachmhor gu ar tuigse air na cruinneachaidhean againn, rud a tha a' cuideachadh le bhith cruthachadh deagh atharrachadh sòisealta.

Chan ann a-mhàin anns na taighean-tasgaidh againn a tha ar luchd-amais: tha iad anns na coimhearsnachdan aca fhèin, tha iad ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, tha iad aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne.

Tha cuid eòlach oirnn agus cuid nach eil. Tro mhodhan-obrach eadar-dhealaichte, a rèir feumalachdan dhaoine eadar-dhealaichte, bidh sinn a' cumail suas agus a' leasachadh dhàimhean leotha.

Tha ath-thogail ar luchd-amais agus leasachadh cheanglaichean ùra deatamach airson ar n-ath-bheothachadh agus neart ar buidhne às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte: a' gineadh teachd a-steach, a' cruthachadh àrd-ùrlar airson com-pàirteachadh poblach, agus a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh beairteas eaconamach, a nì Alba, ar sgìrean ionadail agus na coimhearsnachdan 's a bheil sinn ag obair, nan àiteachan nas fheàrr airson fuireach, obair no tadhal.

Nì sinn seo le bhith:

- A' faighinn tuigse nas fheàrr air ar luchd-amais agus a' cleachdadh dòigh-obrach air feadh na buidhne a thaobh leasachadh luchd-amais gus fòcas a thoirt gu ar co-dhùnaidhean coitcheann.
- A' brosnachadh raon nas fharsainge de dhaoine gu bhith an sàs ann an dualchas tro ar n-obair a' toirt dùbhlàn do neo-ionannachd agus a' leasachadh sunnd.
- A' cruthachadh eòlasan agus prògraman a bheir brosnachadh is beairteas inntinn do luchd-amais ge bith càite bheil iad, a' cuideachadh an tuigse orra fhèin agus air an t-saoghal mun cuairt orra.
- Ag innse sgeulachdan mu na nithean sa chruinneachadh tro shàr eòlasan luchd-amais agus prògraman a tha stèidhichte air na cruinneachaidhean sònraichte againn agus air an neartachadh le caractar ar taighean-tasgaidh.
- A' toirt com-pàirt do luchd-amais ann an cruthachadh agus leasachadh susbaint agus gnìomhachd, airson gun tèid iad an sàs leis a' chruinneachadh ann an dòigh nas doimhne agus nas beairtiche, agus airson an cruinneachadh agus na taisbeanaidhean a chumail buntainneach.
- A' tàladh luchd-amais ùr le bhith a' gabhail ri cuspairean an latha an-diugh a tha a' togail ùidh a' mhòr-shluaigh, gus dòighean làidir a chruthachadh airson ceanglaichean ùra a dhèanamh.
- A' tàladh luchd-amais agus luchd-obrach a tha a' nochdadh iomadachd choimhearsnachdan na h-Alba nas fheàrr.

AMAS 2



Bidh sinn aithnichte air thùs san t-saoghal agus mar an com-pàirtiche nàiseanta as fheàrr airson mìneachadh agus ceangal ri dualchas nitheil na h-Alba.

Le cruinneachadh gun samhail, a thug còrr is 200 bliadhna ga dhèanamh, tha sinn moiteil a bhith air thùs chùisean ann a bhith ag innse eachdraidh nàdair is daonna na h-Alba, suidheachadh a tha sinn an dùil a dhaingneachadh agus fhàs thar na h-ùine ro-innleachdail seo. Tha buaidh aig ar n-obair air beachdan mu Alba, san àm a dh'fhalbh agus san latha an-diugh, nàdarra agus cultarail, aig an taigh agus air feadh an t-saoghail. Tha cumhachd aige toirt air daoine faireachdainn gu bheil ceangal aca ri Alba; air am beairteachadh le a dualchas agus an sàs ann.

Tha sinn nar eòlaichean ann an rannsachadh co-obrachail, ioma-chuspaireil agus buadh-mhor air agus leis na cruinneachaidhean againn. Tha an rannsachadh againn a' gineadh eòlas ùr agus tuigse nas fheàrr air Alba. Còmhla ri cruinneachadh fianais sho-bheantainn mu eachdraidh eadar-fhighte nàdair is daonna na h-Alba, tha prògraman rannsachaidh leantainneach agus ùra nam bunaitean airson ar planaichean gus Gailearaidhean na h-Alba aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ùrachadh, a tha a-nis faisg air 25 bliadhna a dh'aois.

Tha an cruinneachadh againn a' sìor atharrachadh, bidh sinn a' cur ris an còmhnaidh agus a' gabhail cùram dha tro phrògraman tionail is glèidhteachais. Bidh sinn ga dhìon agus a' dìon a sgeulachdan do mhuinntir na h-Alba, agus

tron Phrògram Nàiseanta a tha air a dheagh stèidheachadh, bidh sinn ga roinn gu farsaing air feadh na dùthcha tro iasadan, taisbeanaidhean gluasadach, agus co-roinn eòlais.

Tha Ionad-cruinneachadh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta na stèidheachd eadar-nàiseanta agus na thobar eòlais a tha na bhunait do ar gnìomhachd. Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas leis a' phròiseact ath-nuadhachaidh air sgìre Cladach Ghranton fo stiùir Comhairle Baile Dhùn Èideann, a' cur cultar aig cridhe na coimhearsnachd.

Nì sinn seo le bhith:

- A' leantainn air adhart a' leasachadh agus a' toirt air adhart an Cruinneachadh gus dualchas nàdair is cultarail na h-Alba a nochdadh na cho-theacsa eadar-nàiseanta.
- A' cruthachadh eòlas buadhach ùr mu àrainneachdan, cultaran agus dearbh-aithne na h-Alba, a' togail bhunaithean airson tuigse ùr air eachdraidh nàdar is daonna na h-Alba agus a h-àite san t-saoghal.
- A' togail chom-pàirteachasan làidir ro-innleachdail an dà chuid gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, gus taic a thoirt do rannsachadh agus cruinneachadh innleachdach.
- A' libhrigeadh susbaint agus mìneachadh iomchaidh agus tarraingeach mu dhualchas na h-Alba nar taighean-tasgaidh agus nas fhaide a-muigh, nar prògraman nàiseanta agus air na h-ùrlaran didseatach againn.
- A' libhrigeadh com-pàirteachadh agus taic chuimsichte do thaighean-tasgaidh air feadh na h-Alba tro ar prìomh Phrògram Nàiseanta, a' co-roinn ar cruinneachaidh, ar n-eòlais agus ar sgilean sònraichte.
- A' dèanamh feum de thasgadh airgid airson leasachaidhean leantainneach agus leasachadh bun-structair aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

AMAS 3



Bidh sinn fada air an t-slighe gu neoini lom agus bidh sinn nar goireas cliùiteach airson dùbhlain gnàth-thìde agus bith-iomadachd a thuigsinn.

Is e èiginn àrainneachd na cruinne – chan e a-mhàin èiginn na gnàth-thìde ach cuideachd mòr-chall bith-iomadachd – an dùbhlain as motha a tha fa chomhair an t-saoghail.

Tha an cruinneachadh gun samhail againn na goireas beairteach airson eòlas agus tuigse a chruthachadh. Tha an cruinneachadh saidheans nàdarra a' riochdachadh 300 bliadhna de thional, a' toirt seachad stòran dàta luachmhor airson atharrachadh bith-iomadachd thar ùine a thomhas. A bharrachd air a bhith a' stòradh shampall, bidh an luchd-saidheans bith-iomadachd againn ri obair-raoin a' dèanamh rannsachadh stèidhichte air fianais, a chuireas ris an oidhirp air feadh an t-saoghail gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air buaidhean daonna air an àrainneachd.

Tha sinn mar-thà air ceumannan cudromach a ghabhail a dh'ionnsaigh targaidean net zero aig Riaghaltas na h-Alba. Bho 2012/13, tha ar sgaoilidhean carboin co-cheangailte ri lùth air a dhol sìos 72%. Tha seasmhachd freumhaichte nar pròiseasan solarachaidh, tha structar cunntais carboin againn gus fiosrachadh a thoirt do phlana lùghdachaidh, agus tha prògraman sgrùdaidh bith-iomadachd againn airson prìomh làraich.

Tha sinn mothachail air seasmhachd nar leasachadh chruinneachaidhean, rannsachadh, com-pàirteachasan agus conaltradh poblach. Gun teagamh, tha barrachd obrach ri dhèanamh agus tha sinn dealasach a thaobh barrachd leasachaidh a thoirt air ar dòigh-obrach iomlan a thaobh lùghdachadh carboin, a' toirt a-steach ar cultar agus ar cleachdaidhean, daoine agus oighreachdan.

Tha àite cudromach nàiseanta is eadar-nàiseanta againn mar ùghdarras taigh-tasgaidh earbsach. Tha an cruinneachadh againn, rannsachadh saidheansail aig ìre na cruinne agus ar dòigh-obrach ioma-chuspaireil na àrd-ùrlar airson ar luchd-amais a bhrosnachadh agus oideachadh gus obrachadh a dh'ionnsaigh saoghal nas fheàrr.

Nì sinn seo le bhith:

- A' togail cultar buidhne airson seasmhachd stèidhichte air sgioba-obrach fiosrachail agus misneachail.
- A' cruthachadh 'snàithlean seasmhachd' a bhios a' ruith tro gach rud a nì sinn.
- A' suidheachadh thargaidean làidir, a' cumail sùil air agus a' cruthachadh prògram tasgaidh gus targaid Riaghaltas na h-Alba a ruigsinn de lùghdachadh 75% air ar lorg carboin iomlan ro 2030.
- A' lìbhrigeadh plana tasgaidh a tha a' cothromachadh targaidean lùghdachadh carboin agus cothroman èirig carboin le diofar fheumalachdan an dualchais, oighreachd agus nan àrainneachdan a tha fo ar cùram.
- A' tasgadh nar bun-structar gus cuideachadh le bhith a' dìon a' Chruinneachaidh Nàiseanta bho bhuidh atharrachadh na gnàth-thìde.
- A' taisbeanadh ar luachan agus ar n-eòlais don phoball agus do cho-phroifeiseantaich mar ùghdarras taigh-tasgaidh earbsach.
- A' cruthachadh phrògraman airson luchd-amais a tha tarraingeach agus brosnachail, gus tuigse poblach air na duilgheadasan a chur am meud agus gus buaidh a thoirt air beachdan misneachail, for-ghnìomhach agus stèidhichte air fuasglaidhean.
- A' tàladh luchd-taic agus luchd-maoineachaidh gus ar cuideachadh a' coileanadh barrachd, le bhith a' dearbhadh gu bheil ar n-obair stèidhichte air prionnsapalan agus planaichean seasmhach.

AMAS 4



Bithear a’ roinn agus a’ cur luach air comas sònraichte ar cruinneachaidhean, ar n-eòlais agus ar prògraman gu h-eadar-nàiseanta.

Tha e aig cridhe ar dreuchd gu bheil sinn air thùs ann an obair cruinneachaidhean eadar-nàiseanta, agus a’ dol an sàs ann an dòigh innleachdach le dualchas nàdarra is nitheil air feadh an t-saoghail.

Tha mòran den Chruinneachadh Nàiseanta bho air feadh an t-saoghail, agus thòisich e san 18mh linn. Tha an Lèirsinn ùr againn a’ daingneachadh ar dealais airson an Cruinneachadh a chleachdadh gus dèiligeadh ri dùbhlain an latha an-diugh leithid atharrachadh gnàth-thìde, dìleab colonachd agus cùisean a’ buntainn ri àite agus dearbh-aithne, a bhuineas ris an t-saoghal gu lèir. Tha ar sealladh eadar-nàiseanta gar cuideachadh a bhith nas fheàrr air na cruinneachaidhean a th’ againn mar-thà a thuigsinn, a mhìneachadh agus a chur am meud, dèanamh cinnteach gu bheil iad buntainneach agus a’ cleachdadh eòlas bhon taobh a-muigh agus eòlas ùr.

Tha didseatachadh chruinneachaidhean agus cruthachadh susbaint dhidseatach ùr a’ lìbhrigeadh chothroman cudromach airson co-roinn is luachadh ar cruinneachaidhean air feadh an t-saoghail, agus ar luchd-amais fhàs san fharsaingeachd.

Tha àite cudromach againn mar-thà ann a bhith ag adhartachadh eaconamaidh na h-Alba agus dàimhean eadar-nàiseanta, a’ tàladh luchd-turais eadar-nàiseanta gu na taighean-tasgaidh againn agus a’ taisbeanadh a’ Chruinneachaidh Nàiseanta tro iasadan ainmeil, agus taisbeanaidhean gluasadach. Tha sinn dealasach a thaobh taic a thoirt do amasan eadar-nàiseanta Riaghaltas na h-Alba tron Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta agus an Ro-innleachd Dioplòmasaidh Cultarach.

Tha sinn ag aithneachadh an dùbhlain a tha an lùib a bhith ag obair gu h-Plana Ro-innleachdail 2022-27

eadar-nàiseanta ann an saoghal sa bheil sòisio-poilitigs a' sìor fhàs nas toinnte agus tha sinn dealasach a thaobh cumail ri luachan ar buidhne agus beachdachadh gu faiceallach air co-theacsa ar n-obrach eadar-nàiseanta.

Nì sinn seo le bhith:

- A' cleachdadh dòigh-obrach thar-buidhne a thaobh tuigse, prìomhachasadh agus leasachadh dhàimhean eadar-nàiseanta a bheir taic don Ro-innleachd againn.
- A' togail bun-structair ar buidhne airson obair eadar-nàiseanta gus buaidh fad-ùine a chur am meud agus a chumail suas.
- A' leasachadh chom-pàirteachasan ro-innleachdail nas beartiche, nas gnìomhaiche agus nas cuimsichte ann an coimhearsnachd thaighean-tasgaidh eadar-nàiseanta, le buidhnean luchd-ùidh agus le coimhearsnachdan sliochd.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil ar Ro-innleachdan Leasachadh Chruinneachaidhean agus Rannsachaidh a' nochdadh ar miann a bhith an sàs ann an com-pàirtichean eadar-nàiseanta le taighean-tasgaidh, oilthighean agus coimhearsnachdan.
- A' comharrachadh agus a' toirt taic do chothroman phrògraman eadar-nàiseanta a leasaicheas na goireasan a tha rim faighinn, agus a chumas suas ar Fondas Ameireaganach soirbheachail.
- A' lìbhrigeadh cothrom nas fharsainge agus nas beartiche air cruinneachaidhean air-loidhne gus ar n-ìomhaigh àrdachadh, ceangal a dhèanamh ri luchd-amais ge bith càite bheil iad agus doimhneachd conaltraidh le luchd-amais ùr a leasachadh.
- A' leasachadh chothroman malairteach agus barrachd tasgaidh tro shianalan eadar-nàiseanta a leasaicheas ar prògraman agus a bheir comas do lìbhrigeadh ar prìomhachasan.

AMAS 5



Bidh sinn tèarainte a thaobh ionmhas, le taic bho shruthan teachd a-steach eadar-dhealaichte agus misneachail ann a bhith a' cumail oirnn a' tasgadh nar daoine, nar n-àiteachan agus nar cruinneachadh.

Thar an deichead mu dheireadh tha sinn air airgead mòr a chur an seilbh nar cruinneachaidhean, nar taighean-tasgaidh agus nar luchd-amais, a' gabhail a-steach cruth-atharrachadh air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a chosg còrr is £80 millean.

Tha ar n-àrd-amasan fhathast gun atharrachadh agus sinn a' coimhead air adhart ris na còig bliadhna a tha romhainn le miann airson leasachaidhean aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta agus Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Stèidhichidh sinn bunait cuideachd airson tasgadh ann an Gailearaidhean na h-Alba aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Bidh feum air taic ionmhais shusbainteach gus ar n-amasan a libhrigeadh, an dà chuid poblach is prìobhaideach, agus tha sinn air a bhith ag obair gu gnìomhach gus ar dòigh-obrach a neartachadh a thaobh tabhartasan, urrasachd is tiodhlacan fhaighinn bho urrasan carthannach, buidhnean corporra agus luchd-tiodhlaic fa-leth, agus gus dòigh-obrach nas iomairtich a leasachadh a dh'fhàsas ar teachd a-steach malairteach. Tha sinn air obair gu cruaidh gus ar buaidh a neartachadh agus sinn a' riaghladh chosgaisean agus a' faighinn èifeachdas.

A dh'aindeoin seo, tha an suidheachadh ionmhais fhathast a' sìor fhàs dùbhlanaich do bhuidhnean cultarach. Thairis air na 10 bliadhna a dh'fhalbh, tha

maoineachadh poblach air a bhith stadach aig a' char as fheàrr, fhad 's a tha cosgaisean is dùilean ag èirigh agus farpais airson taic ionmhais a' dol am meud.

Gus leantainn air adhart a' coileanadh comas ar taighean-tasgaidh, ar daoine, agus cruinneachaidhean, gus coinneachadh ri dùil luchd-amais mu thaisbeanaidhean is ghnìomhan ùra, brosnachail agus gus ruigsinneachd agus buaidh cruinneachaidhean nàiseanta na h-Alba a chur am meud, tha e deatamach gum bi an co-theacs maoiniachaidh tèarainte, agus cinnteach san fhad-ùine.

Nì sinn seo le bhith:

- A' dèanamh cùis làidir airson nam buannachdan cultarail, sòisealta agus eaconamach a thig an cois tasgadh calpa leantainneach nar n-ionadan.
- A' neartachadh agus a' fàs ar sruthan teachd a-steach làithreach, a' taisbeanadh buaidh ar n-obrach gus barrachd taic fhaighinn bho luchd-amais is luchd-maoineachaidh.
- A' comharrachadh chothroman gus ceanglaichean a chruthachadh agus a leasachadh le luchd-amais is luchd-maoineachaidh ùr gus ar bunait tabhartais àrdachadh agus tobraichean teachd-a-steach ùra a leasachadh, a' gabhail a-steach luchd-urrais, comhairlean rannsachaidh, agus buidhnean maoiniachaidh eile.
- A' leasachadh phasganan agus pròiseactan 'so-mhaoineachaidh' a bheir taic do na h-amasan ro-innleachdail againn agus a lùghdaicheas cosgais nam prògraman gnìomhachd a th' ann mar-thà air feadh na buidhne againn.
- A' dèanamh cinnteach à luach an airgid nuair a bhios sinn a' ceannach bathar no seirbheisean, a' beachdachadh air a' chosgais fhad-beatha còmhla ri buannachdan eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean agus na goireasan ceart aig na daoine againn agus gu bheil iad ag obair a rèir phrìomhachasan co-roinnte, le targaidean airson fàs ionmhasail a tha fo shealbh agus air an tuigsinn leis na h-uile.
- A' fàs ar cliù mar fhastaiche gus an tàlant as fheàrr a thàladh agus a chumail, a' dìon na buidhne san àm ri teachd tro bhith a' cruthachadh chothroman leasachaidh.
- A' coimhead airson èifeachdas agus dòighean-obrach ùra gus dèanamh cinnteach gun toir sinn buaidh air ar luchd-amais agus ar daoine, a' dèanamh an fheum as fheàrr de na goireasan a th' againn.

AR PRÌOMH COMHARRAN COILEANAIDH (PCC) 2022-2027

Bidh sinn a' measadh lìbhrigeadh ar n-amasan ro-innleachdail tro shreath de cheumannan uimhireil agus càileachdail. Tha cuid dhiubh sin nam PCC thar-buidhne agus tha cuid air an cleachdadh le roinnean no buidhnean-stiùiridh fa leth gus sùil a chumail air coileanadh.

Tha targaidean airson PCCan thar-buidhne air an suidheachadh gach bliadhna mar phàirt de ar planadh obrachaidh agus tha iad air an aithris gach ràithe no bliadhna don Bhòrd Urrasairean againn agus do Riaghaltas na h-Alba.

Is iad na PCCan thar-buidhne againn airson 2022-27:

1. Tadhalan iomlan air ionadan
2. Luchd-amais air-loidhne
3. Ionnsachadh agus com-pàirteachadh
4. Luach iomlan teachd a-steach ionmhais
5. Luach iomlan teachd a-steach calpa
6. Sàsachadh luchd-tadhail
7. Sgaoilidhean carboin buidhne (tCO₂)
8. % de stòradh chruinneachaidhean a rèir farsaingeachd a tha a' coileanadh inbhean iomchaidh
9. Àireamh iomlan de chlàran cruinneachaidh air-loidhne

Còmhla ri ar PCCan tha sinn ag obrachadh Frèam-obrach Buaidh, a tha ag amas air na builean a tha pròiseact no gnìomhachd an dùil coileanadh a cheangal ri ar n-amasan ro-innleachdail agus a nì cinnteach gu bheil luachadh air fhisge a-steach bhon toiseach. Tha am frèam-obrach a' toirt taic don amas againn a thaobh sruthan teachd-a-steach nas eadar-mheasgte a leasachadh le bhith gar cuideachadh a' sealltainn buaidh shòisealta, eaconamach agus àrainneachdail ar n-obrach do luchd-maoineachaidh.



A' CUR TAIC RI AMASAN RIAGHALTAS NA H-ALBA



Tha cumhachd sònraichte ar cruinneachaidhean ioma-chuspaireil a' toirt dhuinn dòigh gus buaidh a thoirt air builean thar raon-obrach Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' cur gu mòr ri adhartas tro Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus Builean Co-ionannachd. Tha sinn an-còmhnaidh dealasach a thaobh cur ri libhrigeadh Ro-innleachd Cultair Riaghaltas na h-Alba agus a phrionnsapalan a thaobh in-ghabhalachd agus ruigsinneachd, a tha air ar n-obair a stiùireadh o chionn fhada.

Is ann don Bhuil Coileanaidh Nàiseanta airson Cultar a tha ar prìomh thabhartas: tha sinn cruthachail agus tha ar cultaran beothail agus eadar-mheasgte air an cur an cèill agus tha fèill orra fad is farsaing. Tha ar n-obair a' cur gu mòr ri targaidean nàiseanta airson Cultar: ag àrdachadh làthaireachd aig tachartasan cultarach no àiteachan cultarail agus com-pàirt ann an gnìomhachd chultarach a' libhrigeadh fàs san eaconamaidh chultarach, agus a' fastadh dhaoine ag obair anns na h-ealain agus cultar.

Tha sinn a' toirt taic do adhartas a dh'ionnsaigh Amasan Leasachadh Seasmhach airson Cultar: co-ionannachd gnè; lùghdachadh neo-ionannachd; cathair-bhailtean is coimhearsnachdan seasmhach.

Taic do Choimhearsnachdan na h-Alba



Bidh na taighean-tasgaidh againn a’ cruthachadh choimhearsnachdan beothail. Tha na còig ionadan againn – trì ann an Dùn Èideann, aon ann an Lodainn an Ear agus aon ann an Siorrachd Lannraig a Deas – a’ toirt taic do na coimhearsnachdan ionadail aca le bhith a’ toirt obraichean don choimhearsnachd, le bhith ag obair mar ionadan sòisealta, foghlaim is dibhearsain, agus le bhith a’ cuideachadh a dh’ionnsaigh àrainneachd tharraingeach a chruthachadh airson a bhith a’ còmhnaidh agus ag obair ann.

Tro ar Ro-innleachd Nàiseanta agus na gnìomhan Prògram Nàiseanta co-cheangailte ris tha sinn a’ toirt taic do shoirbheachas thaighean-tasgaidh ionadail: a’ dol an sàs agus a’ brosnachadh an luchd-amais, a’ toirt cothrom ionadail air na Cruinneachaidhean Nàiseanta, a’ leasachadh sgilean an cuid dhaoine agus a’ roinn ar n-eòlais. Tha an co-obrachadh seo leis an roinn air adhartas mòr a dhèanamh anns na bliadhnan mu dheireadh, le taighean-tasgaidh air am meas nas soirbheachail, nas iomchaidh agus nas seasmhaiche mar thoradh air a bhith a’ gabhail pàirt nar prògraman.

Tha tasgadh leantainneach ann an Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta ann an Granton, Dùn Èideann, air goireas a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta a chruthachadh airson rannsachadh, stòradh agus ruigsinneachd chruinneachaidhean, agus foghlam is trèanadh. Tha an t-Ionad na phrìomh dhòigh airson ar cruinneachaidhean a cho-roinn: tha e a’ toirt cothrom do luchd-rannsachaidh air na cruinneachaidhean, is e an t-àite far an urrainn dhuinn ar sgilean agus eòlas air cruinneachaidhean a cho-roinn, agus tha e a’ toirt taic do ar gnìomhachd nàiseanta, leithid iasadan agus taisbeanaidhean gluasadach.

A' lùghdachadh neo-ionannachd



Tro ar taighean-tasgaidh agus cruinneachaidhean, tha buaidh fharsaing againn thar deamografaigs, chultaran agus chùl-raointean.

Bidh sinn ceangal ri coimhearsnachdan a tha air am meas 'doirbh a ruigsinn' le bhith a' cuimseachadh air buidhnean far a bheil neo-ionannachdan, agus a' tuigsinn chnapan-starra do chom-pàirteachadh agus a' cur às dhaibh. Tha eisimpleirean a' gabhail a-steach: prògramadh cunbhalach agus seiseanan taobh a-muigh uairean-obrach airson bhuidhnean a tha so-leònte, air an dùnadh a-mach no nach faigh riochdachadh gu leòr, a tha gu staitistigeil nas dualtaiche fulang le droch shlàinte is sunnd; agus pròiseactan com-pàirteachail far a bheil àite co-ionann aig coimhearsnachdan ùidh ann am pròiseactan dualchais nitheil, a' toirt buannachd an dà chuid do na taighean-tasgaidh agus do choimhearsnachdan.

Tha ar fòcas air Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhalachd agus co-dhèanamh a' cur aghaidh ri bacaidhean agus feumalachdan sònraichte agus tha builean dìreach is neo-dhìreach aige a thaobh sunnd, bho àrd-mhiann am measg dhaoine òga, gu làithean air falbh le taic do theaghlaichean so-leònte, gu pròiseactan a' toirt dhaoine còmhla aig a bheil ceangalan ri chèile leithid daoine LGBTQIA+, daoine de dhath, coimhearsnachdan eadar-mheasgte agus mothachadh air eadar-cheangalan. San aon dòigh, bidh sinn a' cleachdadh phrìsean ro-innleachdach agus taic siubhail gus cur às do chnapan-starra dhaibhsan ann an suidheachaidhean sòisio-eaconamach nas duilghe.

A' cur ionnsachadh air adhart



Tha nàdar ioma-chuspaireil a' Chruinneachaidh Nàiseanta a' ciallachadh gun urrainn dhuinn ruighinn gu nàdarrach thairis air iomadh raon den churraicealam: gu cuspairean sòisealta leithid eachdraidh, cruinn-eòlas agus feallsanachd, agus cuideachd na h-ealain, teicneòlas agus na saidheansan nàdarra agus corporra. Bidh sinn a' dèanamh ar dìchill an fheadhainn a tha fo bhuidh bochdainn a ruighinn agus bacaidhean co-cheangailte ri bochdainn a lùghdachadh a' cleachdadh dualchas nitheil na h-Alba gus conaltradh a bhrosnachadh agus foghlam a dhèanamh nas spòrsail agus nas inntinniche dhaibhsan aig nach eil ùidh anns na dòighean teagaisg traidiseanta.

Bidh sinn a' lìbhrigeadh Seachdain Matamataig na h-Alba às leth Riaghaltas na h-Alba, a' co-òrdanachadh prògram de thachartasan fad na bliadhna ann an sgoiltean, coimhearsnachdan agus air-loidhne. Tha sinn a' leantainn oirnn ag obair le taighean-tasgaidh air feadh na h-Alba gus am brosnachadh gus barrachd matamataig fhilleadh a-steach don phrògram aca.

Tha barrachd iarrtais ann airson tadhalan sgoiltean air na h-ionadan againn nas urrainn dhuinn a choileanadh. Rè a' ghalair lèir-sgaoilte thug prògram ùr de Sheiseanan Sgoiltean Didseatach soirbheachail cothrom dhuinn conaltradh gu dìreach le sgoilearan agus tidsearan nach b' urrainn tadhal gu pearsanta, a' meudachadh ruigsinneachd agus ag adhbharachadh barrachd sgoiltean bho na sgìrean as bochda ann an Alba a' faighinn cothrom air ar goireasan.

Obair Chothromach



Tha sinn ag obair taobh a-staigh poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba, a' gabhail a-steach libhrigeadh co-dhiù Tuarastal Bith-beò na h-Alba don luchd-obrach againn uile. Tha Pàigheadh an Tuarastal Bith-beò na dhòigh chumhachdach is dhìreach air neo-ionannachd teachd-a-steach agus bochdainn a lùghdachadh, a' cuideachadh teaghlaichean gus làn phàirt a ghabhail sa chomann-shòisealta. Bidh sinn a' feuchainn ri ar n-obraichean a dhèanamh sùbailte ann an dòigh a bhios freagarrach do luchd-obrach, an teaghlaichean agus a' bhuidheann tro ar poileasaidhean agus modhan-obrach Sùbailte is Measgaichte, a bharrachd air an Sgeama Uairean-obrach Sùbailte againn.

Mar fhastaiche co-ionannachd cothroman, bu chòir do na daoine againn sùileachadh gun tèid dèiligeadh riutha le spèis, gun tèid dèiligeadh riutha gu cothromach agus gum bi cothrom aca an comas a ruighinn. Tha sinn dealasach a thaobh co-ionannachd adhartachadh agus dèanamh cinnteach nach tèid cothroman a dhiùltadh do dhuine sam bith no leth-bhreith a dhèanamh nan aghaidh tro chlaon-bhreith no às-dùnadh air sgàth cùisean co-cheangailte ri feartan dìonta. A rèir ar dealais airson co-ionannachd cothroman a thoirt do ar daoine, tha sinn a' toirt taic don phrionnsapal gum bu chòir do luchd-obrach uile pàigheadh co-ionann fhaighinn airson an aon obair no obair cho-ionann no obair air a mheas le luach co-ionann, agus gus seo a choileanadh tha sinn a' cumail ri siostam pàighidh a tha cothromach agus follaiseach.

NA CUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL AGAINN



Gus taic a thoirt do lìbhrigeadh ar gnìomhachd agus planaichean airson an ama ri teachd bidh sinn a' dèanamh sgrùdadh cunbhalach air na prìomh chunnartan againn. Tha na Cunnartan Ro-innleachdail sin air an sònrachadh do neach-seilbh bhon Sgioba Stiùiridh a bhios a' stèidheachadh phlanaichean no dòighean-smachdachaidh gus an cunnart a lùghdachadh. Eadhon le dòighean-smachdachaidh ann tha cuid de chunnartan a tha fhathast àrd oir tha iad co-cheangailte ris an t-suidheachadh ionmhais chuibhrichte againn. Bidh na cunnartan ag atharrachadh le factaran eaconamach is poilitigeach nas fharsainghe. Tha na prìomh chunnartan làithreach air an sealltainn gu h-ìosal.

Covid-19

Coltach ri mòran bhuidhnean, tha an galar lèir-sgaoilte Covid-19 air buaidh mhòr a thoirt air ar gnìomhachd agus ar n-amasan gearr-ùine. Tha sinn a' leantainn air adhart ag ath-sgrùdadh ar planaichean obrachaidh agus ag atharrachadh ar toraidhean gus conaltradh a chumail ris an luchd-ùidh againn, le planaichean stèidhichte gus ar taighean-tasgaidh a dhùnadh gun rabhadh ma dh'fheumas sinn.



Is e an cunnart as motha a tha againn a' mhì-chinnt a thaobh ar maoinachaidh, tilleadh luchd-tadhail, agus na buaidhean gearr-ùine is fad-ùine aig Covid-19 air feadh na buidhne. Chaidh ar teachd-a-steach neo-riaghaltais sìos gu h-anabarrach, a' tuiteam còrr air £4 millean ann an 2020/21. Bheir e grunn bhliadhnaichean dhuinn ar teachd a-steach fhaighinn air ais agus ged a tha sinn taingeil airson taic an riaghaltais bho Mhaoineachadh Buaidh Covid agus Faochadh Reataichean Gnìomhachais, tha iad sin air sgar, rud a tha a' fàgail toll mòr nar maoinachadh sa ghearr-ùine gu meadhan-ùine. Tha dùil gum fuirich ar teachd-a-steach malairteach gu math nas ìsle na na h-ìrean a bh' againn anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh fhad 's a bhios na h-àireamhan luchd-tadhail agus na prògraman thachartasan againn a' faighinn air ais bho àm glasaidd. Feumaidh sinn prìomhachas a thoirt do ar gnìomhan obrachaidh.

Bha ar fosgladh a-rithist às dèidh glasadh-sluaigh soirbheachail, le luchd-tadhail a' tilleadh gu àrainneachd far an robh astarachadh corporra le tairgse nas lugha, agus sheall fios-air-ais ìrean math de shàsachadh luchd-cleachdaidh. Tha a bhith a' cumail suas ceanglaichean le ar luchd-taic air ar cur ann an suidheachadh math airson an ama ri teachd. Is e an dùbhlán nuair a tha sinn a' faighinn air ais bho Covid maoinachadh fhaighinn a leigeas leinn a h-uile gnìomh agus seirbheis a chumail a' dol 's a bheil ar luchd-tadhail a' cur luach agus meas.

Lùghdachadh fìor ann an Tabhartas-gus-Cuideachadh

Dh'fhaodadh atharrachadh ann an stòras no prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba leantainn gu tuilleadh ghearraidhean ann an Tabhartas-gus-Cuideachadh. Tha àrdachadh sam bith ann an Tabhartas-gus-Cuideachadh bho 2017/18 air a bhith mar thoradh dìreach air Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba a tha air cosgaisean pàighidh àrdachadh £3.1 millean, le Tabhartas-gus-Cuideachadh air àrdachadh £2.9m. A bharrachd air sin, chan eil iomradh air a bhith ann mu atmhorachd, a tha a' dol an-àirde a-rithist. Tha seo uile a' ciallachadh gu bheil, ann an da-rìribh, Tabhartas-gus-Cuideachadh air a dhol sìos 18% thairis air na 10 bliadhna a dh'fhalbh. Anns an aon ùine seo tha àireamhan luchd-tadhail air a dhol suas còrr air 23%, agus is e Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a nis an taigh-tasgaidh a tha a' faighinn na h-àireimh as motha de luchd-tadhail san Rìoghachd Aonaichte taobh a-muigh Lunnainn. Tha an t-àrdachadh cosgais dhùbailte seo de chosgaisean obrachaidh a bharrachd mar thoradh air barrachd luchd-tadhail, agus lùghdachadh ann am maoinachadh fìor, a' ciallachadh, às aonais àrdachadh fìor san Tabhartas-gus-Cuideachadh againn, gum bi buaidh dhìreach aig gainnead maoinachaidh air na seirbheisean a tha sinn a' tabhann.

Togalaichean nach eil freagarrach



Chomharraich an sgrùdadh thogalaichean còig-bliadhna againn, a chaidh a dhèanamh ann an 2021/22, thairis air £22m de dhàil ann an obair càraidh. Tha an Tabhartas a th' againn an-dràsta bho Riaghaltas na h-Alba airson an adhbhair seo aig £750k sa bhliadhna, agus thathar an dùil gun àrdaich sin gu £1.5 millean ro 2025/26. Às aonais tuilleadh àrdachaidh, tha cunnart ann nach bi ar togalaichean a' coinneachadh ri inbhean reachdail ùra, a' fàs mì-eaconamach airson an càradh, no a' fàs mì-fhreagarrach do dhaoine no cruinneachaidhean a bhith annta.

Tha na planaichean againn airson Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta a' gabhail a-steach togalaichean ùra a chur an àite an fheadhainn nach eil freagarrach airson an cruinneachadh a chumail a rèir ìrean iomchaidh, agus gan dèanamh nas ruigsinniche. Tha Gailearaidhean na h-Alba aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a-nis faisg air 25 bliadhna a dh'aois agus feumach air obair shusbainteach.

Annas na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh tha sinn air barrachd fhulang le buaidhean atharrachadh gnàth-thìde, le tuiltean mar thoradh air ìrean uisge nach fhacas a-riamh na adhbhar dragh sònraichte.

Fastadh/gleidheadh ann an dreuchdan a tha deatamach do ghnìomhachas



Tha e na adhbhar dragh mòr nuair nach tèid luchd-obrach ffastadh no a chumail ann an dreuchdan a tha deatamach do ghnìomhachas, gu sònraichte ann an raointean sònraichte. Tha Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba, cuingeadan maoinachaidh agus cùisean eaconamach nàiseanta cho math ris an t-suidheachadh phoilitigeach mhì-chinnteach a' toirt buaidh air ar comas fastaidh.

Gu tric bidh barrachd saorsa ionmhais aig ar farpaisich leithid oilthighean, prìomh thaighean-tasgaidh nàiseanta ann an Lunnainn agus cuid de phrìomh bhuidhnean cultarail is dualchais, gus ìrean pàighidh nas àirde a thabhann. Do dhaoine le sgilean so-ghluasadach, tha gu bheil Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba a' cuimseachadh air luchd-obrach le tuarastal nas ìsle a' ciallachadh nach eil sinn a rèir a' mhargaidh dhaibhsan aig a bheil teisteanasan proifeiseanta.

Fàilligeadh innealan, uidheamachd agus siostaman a bheir buaidh air slàinte is sàbhailteachd, cùram chruinneachaidhean agus tèarainteachd

Tha an cunnart gun tachair mòr-thubaist mar thoradh air fàilligeadh innealan, uidheamachd no siostaman air a mheudachadh le aois agus dol à feum. Bidh sinn a' lasachadh an t-suidheachaidh uiread 's as urrainn dhuinn le bhith a' dealbhadh leantailachd gnìomhachais, a' dèanamh cinnteach gu bheil cùl-taic ann le solaraichean iomchaidh agus a' coimhead airson cothroman maoinachaidh bhon taobh a-muigh. Ach, feumar uidheamachd ùr a mhaoineachadh leis na buidseatan càraidh no obrachaidh a th' againn, a tha le chèile air a bhith a' crìonadh ann an teirmean fìor airson grunn bhliadhnaichean.

Tha na cunnartan againn cudromach agus tha grunn dhiubh a tha a' cur air roinn nan taighean-tasgaidh agus gailearaidhean san fharsaingeachd. Is e àm duilich a tha seo dhuinn uile. Tha sinn an dòchas, tron ro-innleachd seo, agus na gnìomhan agus an co-obrachadh a thig bhuaithe, gun cùm sinn uile ris na prionnsapalan stèidheachaidh dòchasach a thug Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, mar a tha e an-diugh, gu bith, agus gun ath-chuimsich sinn ar lèirsinn agus ar n-amasan gus deagh eadar-dhealachadh a thoirt air àm ri teachd a' chinne-daonna agus saoghal nàdair. Seo, nar beachd-sa, na tha ceannas cultarail a' ciallachadh, agus is e dreuchd taigh-tasgaidh nàiseanta.

Creideas an ìomhaigh rim faighinn aig [NMS.AC.UK/STRATEGICPLAN22-27](https://nms.ac.uk/strategicplan22-27)

